

A' dèanamh an eadar-dhealachaidh

Dealbhadh ionnsachaidh phearsanta



Is ann aig pàrantan, luchd-cùraim agus buill teaghlaich a tha a' bhuidh as cudromaiche air beatha chloinne. Is urrainn dhuibh eadar-dhealachadh a thoirt air ionnsachadh an leanabh agaibh le bhith a' bruidhinn riutha mu na tha iad air a bhith ag ionnsachadh, an t-adhartas a tha iad air a dhèanamh agus le bhith gan cuideachadh gus amasan reusanta a shuidheachadh airson na tha iad airson a choileanadh fhathast. Is urrainn dhuibh cuideachd faighinn a-mach mun adhartas a tha an leanabh agaibh a' dèanamh san sgoil tro aithisgean sgrìobhte, oidhcheannan phàrant agus coinneamhan, a bharrachd air dealbhadh ionnsachaidh phearsanta.



Dè tha sgoiltean a' dèanamh?

Tha sgoiltean a' brosnachadh chloinne agus dhaoine òga gus barrachd dleistanais a ghabhail airson an ionnsachaidh aca fhèin agus, fhad's a tha iad a' dol air adhart tron sgoil, airson nan roghainnean a tha iad a' dèanamh. Tha sgoiltean ag amas air gach leanabh a chuideachadh gus a bhith nan:

- luchd-ionnsachaidh soirbheachail
- daoine misneachail
- saoranaich chunntasach
- daoine a chuireas ris a' chomann-shluaigh gu h-èifeachdach.

Tha foghlam an-diugh a' gabhail a-steach barrachd air a bhith dìreach ag ionnsachadh fiosrachaidh agus figearan. Gus na sgilean a thoirt dhan an leanabh agaibh a dh'fheumas iad airson beatha mar inbheach, ionnsaichidh iad:

- ciamar a dh'ionnsaicheas iad
- amasan pearsanta a shuidheachadh dhaibh fhèin
- an t-adhartas aca fhèin aithneachadh agus a sgrùdadh
- na h-amasan agus na mòr-mhiannan aca fhèin aithneachadh
- neo-eisimeileachd a leasachadh
- misneachd a bhith aca annta fhèin.

Tha clàr-teagaisg na sgoile a' fàs nas sùbailte airson 's gum freagair e nas fheàrr air feumalachdan gach leanabh òig bho 3 gu 18. Gus dèanamh cinnteach gu bheil an clàr-teagaisg a' toirt nan cothroman a dh'fheumas iad airson ionnsachaidh do gach leanabh, tha sgoiltean a' leasachadh dhòighean ùra gus adhartas a mheasadh agus a chlàradh. Tha dealbhadh ionnsachaidh phearsanta mar phrìomh phàirt den phròiseas seo.



Dè a tha ann an dealbhadh ionnsachaidh phearsanta?

Tha rannsachadh a' sealltainn gu bheil clann ag ionnsachadh san dòigh as fheàrr nuair a tha:

- ▶ iad a' tuigsinn gu soilleir na tha còir aca a bhith ag ionnsachadh
- ▶ fios aca dè tha air a shùileachadh bhuapa
- ▶ iad a' faighinn fios air ais mu inbhe an cuid obrach
- ▶ iad a' faighinn comhairle mu dhòighean san urrainn dhaibh an cuid obrach a leasachadh
- ▶ iad an lùib a bhith a' tighinn gu co-dhùnaidhean mu na h-ath cheumannan a dh'fheumas a bhith air an gabhail
- ▶ fios aca cò a chuidicheas iad ma tha feum aca air a sin.

Is e pròiseas a tha ann an dealbhadh ionnsachaidh phearsanta a tha a' gabhail aire do na puingean seo agus cuidichidh e do leanabh le bhith a' dèanamh cho math agus is urrainn dhaibh. Is e còmhradh a tha ann mu dheidhinn ionnsachaidh, a ghabhas a-steach sibh fhèin, an leanabh agaibh agus an neach-teagaisg aca. Bidh an còmhradh ag amas air na tha an leanabh agaibh gu bhith ag ionnsachadh, cò ris a bhios fianais mu choileanadh agus adhartas coltach, agus dealbhadh còmhla airson nan ath cheumannan.

Dè tha e a' gabhail a-steach?

Glèidhidh sgoiltean na builean pearsanta de chòmhradh mu dhealbhadh ionnsachaidh phearsanta anns na dòighean as freagarraiche airson an leanabh agaibh, sibh fhèin agus an sgoil. Dh'fhaoidte gum bi seo ann an riochd duilleag amasan, leabhar-sgrìobhaidh no leabhar-latha, no dòigh eile leithid dealbhan camara no bhidio. Ge brith ciamar a tha e air a chlàradh, is ann leis an leanabh agaibh a tha na sgrìobhainnean dealbhaidh agus bidh iad fhèin no an neach-teagaisg aca a' cur coileanadh agus amasan ùra ris bho àm gu àm. Ach tha e cudromach cuimhneachadh gur e an conaltradh eadar sibh fhèin, an leanabh agaibh agus an neach-teagaisg a tha cudromach, seach sgrìobhainn dealbhadh ionnsachaidh phearsanta sam bith leatha fhèin.

Bidh na rèiteachaidhean aice fhèin aig gach sgoil airson a bhith a' gabhail a-steach phàrantan agus airson a bhith a' clàradh fiosrachaidh mu dhealbhadh ionnsachaidh phearsanta. Airson tuilleadh fiosrachaidh mu dheidhinn mar a tha sgoil an leanabh agaibh a' dèanamh seo, foighnichibh dhan an sgoil.

Ciamar a bhuannaicheas an leanabh agam?

Le bhith a' gabhail com-pàirt ann an dealbhadh ionnsachaidh phearsanta, is urrainn dhan an leanabh agaibh na leanas a leasachadh:

- ▶ barrachd dleistanais airson an cuid ionnsachaidh fhèin
- ▶ barrachd misneachd agus fèin-mheas
- ▶ faireachdainn gu bheil iad a' gabhail barrachd com-pàirteachais ann a bhith a' dealbhadh airson an ama ri teachd.

Chan e a-mhàin na dh'ionnsaicheas an leanabh agaibh san sgoil a tha cudromach – faodar coileanadh taobh a-muigh na sgoile, leithid soirbheachaidh ann an spòrs no ceòl no gnìomhan eile, a chlàradh cuideachd.

Dè tha sgoiltean a' dèanamh?

Is e an dòigh as cudromaiche gus an leanabh agaibh a chuideachadh leis an dealbhadh ionnsachaidh phearsanta aca, a bhith a' bruidhinn riutha mu dheidhinn:

- ▶ na tha iad ag ionnsachadh an dà chuid san sgoil agus taobh a-muigh na sgoile
- ▶ mar a tha iad fhèin a' smaoinichadh a tha iad a' dèanamh
- ▶ soirbheachadh a tha air a bhith aca, an dà chuid taobh a-staigh, agus taobh a-muigh na sgoile
- ▶ na h-amasan a bu toil leotha a choileanadh san àm ri teachd.

Tha na chuireas sibhse ris a' ghnòthach na phàirt dheatamach de dh'ionnsachadh an leanabh agaibh agus cuiridh an sgoil fàilte air na beachdan agaibh. Ma tha sibh a' gabhail com-pàirt anns a' phròiseas dealbhaidh, bidh dealbhadh ionnsachaidh phearsanta an leanabh agaibh nas èifeachdaiche agus cuiridh iad luach nas àirde air.

Airson tuilleadh fiosrachaidh mu na dòighean san urrainn dhuibh an leanabh agaibh a chuideachadh le dealbhadh ionnsachaidh phearsanta, cuiribh fios chun na sgoile.

Gheibh sibh tuilleadh fiosrachaidh mu dhealbhaidh ionnsachaidh phearsanta, no taobh sam bith de dh'fhoghlam Albannach, air Parentzone

www.parentzonescotland.gov.uk

Ceanglaichean agus seòlaidhean feumail

Parentzone www.parentzonescotland.gov.uk

Assessment is for Learning www.ltscotland.org.uk/assess

BBC Parents www.bbc.co.uk/schools/parents

Childcare Link Fòn: 0800 096 0296 www.childcarelink.gov.uk

One Parent Families Scotland Fòn: 0800 018 5026 www.opfs.org.uk

Parentscentre www.parentscentre.gov.uk

ParentLine Scotland Fòn: 0808 800 2222 www.children1st.org.uk/parentline

Parent Network Scotland Fòn: 0131 555 6780

www.parentnetworkscotland.org.uk

Enquire (An t-seirbheis chomhairle Albannach airson taic a bharrachd airson ionnsachaidh)

Loidhne-chuideachaidh: 0845 123 23 03 Fòn-teacsa: 0131 222 2439 www.enquire.org.uk

Is e seo an t-aonamh bileag deug ann an sreath. Tha i a' comharrachadh an fhìor eadar-dhealachaidh a dh'fhaodas, agus a tha, pàrantan a' dèanamh ann an ionnsachadh an cuid chloinne. Còmhla ri comhairle ionadail a gheibh sibh air na dòighean-obrach a tha aig sgoil an leanaibh agaibh, taigidh an t-sreath seo tuilleadh fiosrachaidh a chuidicheas sibh gus a dhol an lùib nas motha ann am foghlam an leanaibh agaibh. Tha bileagan foillsichte eile ann air Obair-dhachaigh, A' roinneadh fiosrachaidh, Oidhcheannan phàrant, Saor-làithean sgoile, A' tòiseachadh bliadhna sgoile ùir, Roghainnean fallain, Ionnsachadh air taobh a-muigh na sgoile, Iomairt ann am foghlam, Teicneolas ùr ann an ionnsachadh agus A' dol an lùib sgoil an leanaibh agaibh. Tha an t-sreath cuideachd a' toirt a-steach stuthan airson sgoiltean agus luchd-teagaisg air na cuspairean seo.

Ma tha sibh airson fios a leigeil thugainn, no cuspairean a mholadh airson bhileagan eile, feuch gun tadhail sibh air www.parentzonescotland.gov.uk no fònaibh 0131 244 0956. Bidh a' bhileag seo ri faotainn ann an cànanan coimhearsnachd agus riochdan diofraichte bhon sgoil no air làrach-lìn Parentzone.

Chaidh an t-sreath seo a dheasachadh ann am com-pàirt ris an Aonad Càileachd ann am Foghlam (Oilthigh Shraithchluaidh) agus Clann ann an Alba.

Thathar a' meas gu bheil an t-eadar-theangachadh seo na riochdachadh cuimseach den tùs-sgrìobhainn.



SCOTTISH EXECUTIVE

